

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 20mh dhen Ògmhios 2021 Ùrnaigh aig 7f

“Tha sinn uile còmhla san t-suidheachadh seo!” Nuair a chluinneas sinn rudan dhen leithid seo, bidh sinn a’ tuigsinn gu bheil sinn uile a’ com-pàirteachadh anns na duilgheadasan a tha againn. Uaireannan, gun teagamh, chan eil e buileach soilleir gu bheil sinn uile a’ tarraing air an aon ràmh! A dh’aindeoin sin, tha sinn uile air ionnsachadh nach eil gin againn saor o dhùbhlannan ar latha.

Ann an Soisgeul Mharcuis, bha na deisciobail còmhla ri Ìosa ann am bàta aon fheasgar. Bha na sluaghan air an cùlaibh, agus ma dh’fhaoidte, thuirte iad ri chèile “Tha sinn uile còmhla san t-suidheachadh seo!” Ach bha Ìosa na chadal, fiù ’s nuair a dh’èirich stoirm, “agus bha na tonnan a’ slaicheadh air an eathair, air chor ’s gun robh i mu thràth ga lìonadh.” Bha na deisciobail uile còmhla san t-suidheachadh sin, ach dè mu dheidhinn Ìosa? Dh’fhaighnich iad dheth, “Fhir-Teagaisg, nach eil dragh idir agad gu bheil sinn gu bhith cailte?” Agus chronaich Ìosa a’ ghaoth, ag ràdh, “Sàmhach! Bi na thost!” Agus an dèidh sinn dh’fhaighnich e orra-san, “Carson a tha an t-eagal oirbh? Nach eil creideamh fhathast agaibh?” (Marcus 4: 35 - 41) Nach robh iad a’ creidsinn gun robh e còmhla riutha anns an t-suidheachadh sin?

Tha iomadh cheist againn na làithean seo, a thàinig an cois dùbhlannan COVID-19. Ach faodaidh sinn bhith cinnteach às a seo: tha Ìosa maille rinn anns gach teanntachd, maille rinn anns a’ bhàta ann am meadhan na stoirme, agus faodaidh sinn a ràdh: “Tha sinn uile còmhla anns an t-suidheachadh seo!”

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna na gaoithe agus na mara,
bi maille rinn an-diugh
agus sinn ag èisteachd rid ghuth.
Ged soilleir no doilleir a bhios an latha,
labhair rinn aig an ìre as doimhne.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna na gaoithe agus na mara,
bi maille rinn an-diugh

agus sinn a' cur cùl ris an là a tha seachad,
agus a' coimhead air adhart gu dùbhlannan an latha an diugh:
labhair rinn an-diugh, a Dhè.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna na gaoithe agus na mara,
bi maille rinn an-diugh
agus sinn a' faicinn cho mòr 's a tha na dùbhlannan a tha romhainn,
agus a' faicinn nan tonn a' slaiceadh air an eathair
labhair rinn led ghuth ciùin, caol.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna na gaoithe agus na mara,
bi maille rinn an-diugh
mar a bha thu a-riamh,
ann an làithean nan seachd sìon.
Labhair, ìosa, agus cronaich an stoirm,
agus am bi na h-uisgeachan sàmhach a-rithist.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna na gaoithe agus na mara,
bi maille rinn an-diugh
agus sinn ag èisteachd ri na faclan a labhair thu.
Deònaich dhuinn sìth do làthaireachd an-diugh,
labhair rinn na faclan a dhùisgeas fìor chreideamh annad-sa.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Oll. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor
- An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Rut Nic an Tuairneir, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)